

## Pàirt 1

- a. Dè am fiosrachadh a tha Seonag Nic a' Mhaoilein a' toirt dhuinn mun 28mh den Fhaoillean 2008?
- b. Cuin a thòisich craoladh an t-sianail ùr?
- c. Inns mar a ghabh an sluagh ris an t-sianal ùir.
- d. Carson nach robhar an dùil gum biodh àireamhan mòra a' coimhead air? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

2

1

2

2

	Chan fhaiceadh ach an treas pàirt de mhuinntir na h-Alba e.
	Chan eil a' Ghàidhlig ach aig a' bheag-chuid de mhuinntir na h-Alba.
	Cha robh e ri fhaicinn ach air saideal.
	Bha sianalan gu leòr eile ann mu thràth.

- e. Dè tha air a ràdh mu spòrs air an t-sianail? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

2

	Chithear teanas, ruith agus hocaidh gu tric.
	Tha barrachd spòrs à Alba air na tha air sianal sam bith eile.
	Tha e a' còrdadh ri luchd-coimhead spòrs.
	Tha cus spòrsan rim faicinn.

## Pàirt 2

- a. Cò dha a tha BBC Alba air cothroman a thoirt, a rèir Sheonag Nic a' Mhaoilein? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

2

	Daoine òga.
	Daoine aig a bheil Gàidhlig.
	Daoine aig a bheil sgilean freagarrach airson obair anns na meadhanan.
	Leòdhasaich.

- b. Dè na buannachdan a tha BBC Alba air a thoirt do Steòrnabhagh? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

2

	Tha e air togail a thoirt do dh'eaconamaidh nan sgìrean anns a bheil na stiùdiothan (mar Steòrnabhagh).
	Tha a' chuid mhòr de na prògraman air an dèanamh ann an Steòrnabhagh.
	Tha obair BBC Alba uile air a dèanamh ann an Steòrnabhagh.
	Tha a' chuid as mothaidh de luchd-obrach an t-sianail ag obair ann an Steòrnabhagh.

- c. Dè am feum a tha BBC Alba air a dhèanamh dhan Ghàidhlig?

2

- d. Dè an cothrom a tha BBC Alba air a thoirt do luchd-ionnsachaidh a' chànan?

2

### An earrann gu lèir

- a. Dè am prìomh amas a bha aig Seonag Nic a' Mhaoilein anns an earrainn seo? 1
- b. A' cleachdadhbh fianais bhon earrainn, seall mar a choilean Seonag a h-amas. 1
- c. An tug Seonag Nic a' Mhaoilein ort beachdachadh air mar a tha BBC Alba a' freagairt ort fhèin? Inns carson a thug no nach tug. 1

20